



Education
Scotland
Foghlam Alba

**Ag atharrachadh
bheathannan tro
ionnsachadh**

Iùl airson ar Plana Corporra 2013-2016

Cò sinn

Ar n-adhbhair

'S e Foghlam Alba a' phrìomh bhuidheann- gnìomha nàiseanta airson a bhith a' brosnachadh leasachadh ann an càileachd is èifeachdas foghlaim.

Ar farsaingeachd

Stèidhichte ann an 2011, tha an obair againn a' còmhdach gach raon foghlaim ann an Alba airson luchd-ionnsachaidh de gach aois, a' gabhail a-steach ionadan thràth-bhliadhnaichean, gach seòrsa sgoil phoblach is phrìobhaideach agus colaistean, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd (ILC), foghlam luchd-teagaisg, buidhnean saor-thoileach agus foghlam prìosain.

Ar neo-eisimeileachd

Tha sinn cunntasach do Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba ach tha tòrr neo-eisimeileachd obrachail againn gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn ar n-amasan a libhrigeadh leis a' bhuaidh as motha.

Ar ruigsinn nàiseanta

'S e aon de na neartan àraid againn gum bi sinn a' conaltradh leis gach ionad is solaraiche foghlaim thar na dùthcha, agus tha seo gar cuideachadh gus an cleachdadh as fheàrr, misneachd is stiùireadh a cho-roinn thar gach àite.

Ar n-eòlais

A bharrachd, tha cothrom againn chun an eòlais fhoghlaim as fheàrr ann an Alba agus taobh a-muigh na dùthcha, agus tha sin a' ciallachadh gu bheil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh as ùire gus ar sgilean is ar n-amasan a libhrigeadh.

Lorgaidh sibh an dreachd iomlan den phlana chorporra againn aig www.educationscotland.gov.uk/corporateplan



Tha am plana corporra againn a' mineachadh ro-innleachd mòr-mhiannach airson **foghlam a leasachadh** ann an Alba thairis air na trì bliadhna a leanas. Tha fiosrachadh ann mu na gnìomhan a bhios sinn a' gabhail os làimh gus atharrachadh mean air mhean a thoirt air càileachd is cothromachd foghlam na h-Alba.

'S e ar mòr-mhiann gum bi sàr-mhathas anns gach raon de theagasg is ionnsachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil foghlam na h-Alba aig ìre **cho math 's a gheibhear san t-saoghal**.

Gus na h-atharrachaidhean seo a thoirt gu buil, bidh sinn ag obair gu dlùth le luchd-teagaisg, òraidichean agus raon farsaing phroifeiseantach eile aig a bheil dleastanas ann a bhith a' brosnachadh is a' toirt taic do ionnsachadh. Bheir sinn cuideachd taic do phàrantan chloinn òga is dhan luchd-ionnsachaidh fhèin gus dèanamh cinnteach gu bheil iad uile a' faighinn foghlam cho math 's a ghabhas fhaotainn.

Ann a bhith a' mineachadh ar n-amasan airson nan trì bliadhna air thoiseach, **chùm sinn co-chomhairle fharsaing** le buidhnean-gnìomha eile is le com-pàirtichean le dleastanasan sam bith co-cheangailte ri foghlam. Tha a' bhuil a' **sealltainn co-aonta** air an t-seòrsa dòigh-obrach a bhios soirbheachail ann a bhith a' brosnachadh leasachadh ann am foghlam ann an Alba agus, gu sònraichte, an seòrsa dreuchd a bu chòir a bhith againn. Tha sinn an dòchas gun cuidich sibh sinn gus na h-**atharrachaidhean cudromach is togarrach** seo a thoirt gu buil ann am foghlam ann an Alba sna bliadhnaichean air thoiseach.

Ar luachan:



Ionracas
Spèis
Sàr-mhaitheis
Cruthachas

***Bheir sinn seachad am measgachadh
as fheàrr de thaic is de dhùbhlann nàiseanta
gus leasachadh leantainneach ann an
eòlasan is cothroman a bhrosnachadh
is a dhèanamh cinnteach do gach
neach-ionnsachaidh ann an Alba.***




Tha sinn air ar rùin a leasachadh gus cuideam a chur air an dreuchd àraid a bhios aig Foghlam Alba ann a bhith a' stiùireadh na dòigh-obrach Albannaich gus foghlam a leasachadh. Tha sinn a' dèanamh seo nar dreuchd mar phrìomh bhuidheann nàiseanta na h-Alba airson foghlam a leasachadh.

Bidh soirbheas an crochadh air a bhith a' toirt còmhla, gu h-èifeachdach, tabhartasan ar com-pàirtichean agus ar tabhartasan fhèin, le co-amais foghlam na h-Alba a leasachadh.



A' leasachadh foghlam san dòigh Albannaich



A' leasachadh foghlam san dòigh Albannaich

Tha fianais a' nochdadh gu bheil an siostam foghlaim ann an Alba 'math' agus le cuideachadh bho na com-pàirtichean againn, tha sinn airson 's gum bi e na shiostam 'sàr-mhath.' Tha sinn airson 's gun tachair seo cho luath 's a ghabhas agus tha sinn air dòigh-obrach a dhealbhadh gus am pròiseas seo a sgioblachadh air adhart.

Tha sinn airson siostam ionnsachaidh a thogail is a chuideachadh anns a bheil conaltradh coitcheann làidir luchd-obrach fìor phroifeiseanta a' cruthachadh **Cearcall Buadhach Leasachaidh**. Tha luchd-ionnsachaidh aig teis-meadhan an t-siostaim ionnsachaidh seo agus tha e an crochadh air luchd-obrach àrd-inbhe, phroifeiseanta gus dèanamh cinnteach gun obraich e.



Ar n-Amasan ro-innleachdail

Ann a bhith a' toirt prìomhachas dhan obair againn thar nan trì bliadhna a tha air thoiseach, tha sinn air fòcas a chumail air na raointean sa bheil sinn a' creidsinn a bheir sinn seachad an **tabhartas as làidire.**

Tha ar **n-amasan ro-innleachdail** gu dìreach a' toirt taic do bhith a' libhrigeadh ar lèirsinn is ar rùin. Tha iad a' toirt mìneachadh nas mionaidiche air na prìomh dhòighean sa bheil sinn a' creidsinn gun urrainn dhuinn taic a thoirt dhan oidhirp choitcheann nàiseanta gus am **foghlam as fheàrr** as urrainn dhuinn a thoirt dhan luchd-ionnsachaidh againn.

Tha a' chiad chòig de na h-amasan ro-innleachdail againn a' buntainn ris a' bhuaidh a tha sinn an dùil a bhios aig na seirbheisean is na gnìomhan againn bhon taobh a-muigh air a bhith **a' leasachadh càileachd** foghlam na h-Alba. Tha an siathamh amas ro-innleachdail a' coimhead ris an taobh a-staigh is a' buntainn ris an dòigh sa bheil sinn an dùil **an comas is an t-èifeachdas** againn fhèin a leasachadh mar bhuidhinn.

Chaidh na h-amasan ro-innleachdail againn a ghleusadh tro cho-chomhairle fharsaing is rannsachadh mionaideach. Taobh a-staigh gach fear de na h-amasan seo, tha sinn air gnìomhan a chur far comhair fhèin agus thèid an sgrùdadh is an tomhas gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh nan amasan againn.

Seo agaibh blasad den dòigh san libhrig sinn a thaobh nan amasan seo. Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air **www.educationscotland.gov.uk/corporateplan**.



Amas Ro-innleachdail 1: **Tog curraicealam a tha cho math 's** **a gheibhear san t-saoghal do gach** **neach-ionnsachaidh ann an Alba.**

Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh nàiseanta mun churraicealam stèidhichte anns gach raon agus gu bheil a' cumail sùil air stiùireadh gus dèanamh cinnteach gum bi e fhathast freagarrach sna bliadhnaichean air toiseach. Tha dleastanas stiùiridh againn cuideachd ann a bhith a' leasachadh is a' buileachadh stiùireadh ro-innleachdail nàiseanta ùr a thaobh ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd. Tha sinn a' gealltainn gun leasaich sinn curraicealaman thar bhuidhnean ionnsachaidh eile, leithid colaistean. Leanaidh sinn air adhart a' leasachadh Glow is a' brosnachadh theicneòlasan eile gus an cleachdadh as innleachdaiche a bhrosnachadh a thaobh ionnsachadh is teagasg.

Amas Ro-innleachdail 2: **Brosnaich ionnsachadh is** **ceannardas àrd-inbhe am measg** **chleachdaichean foghlaim.**

Tha sinn a' meudachadh ar fòcais air conaltradh cunbhalach le cleachdaichean ann an ionnsachadh is rannsachadh co-obrachail. Tha prìomh dhreuchd againn ann a bhith a' brosnachadh is a' libhrigeadh chothroman leasachaidh proifeiseanta air stèidh nàiseanta, a' brosnachadh cleachdadh proifeiseanta àrd-inbhe, an dà chuid a thaobh libhrigeadh seirbheis le cleachdaichean foghlaim fa leth agus a thaobh a' cheannardais a tha air a thaisbeanadh ann an seirbheisean is ionadan foghlaim.



Amas Ro-innleachdail 3:

Tog comas sholaraichean foghlaim gus an dèanadais a leasachadh gu leantainneach.

Tha sinn a' creidsinn ann a bhith a' togail càileachd bho bhun gu bàrr. Tha raon dhòighean againn sam bi sinn a' toirt seachad stiùireadh, comhairle is taic iomchaidh do sholaraichean thar gach roinn foghlaim agus tha sinn a' brosnachadh fèin-mheasadh èifeachdach is leasachadh tro ar pròiseasan sgrùdaidh is ath-bhreithneachaidh. Leanaidh sinn air adhart a' leasachadh ar cuid obrach san raon seo, a' neartachadh a buaidh agus ga leudachadh gu raointean air nach eil sinn fhathast a' ruigsinn.

Amas Ro-innleachdail 4:

Bheir seachad measadh neo-eisimealach de sholar foghlaim.

Tha prìomh phàirt de na tha sinn a' dèanamh a' gabhail a-steach raon sgrùdaidhean neo-eisimeileach is phrògraman ath-bhreithneachaidh. Bidh sinn a' toirt seachad fianais neo-eisimeileach bho mheasaidhean, an dà chuid de chleachdadh làithreach is de chleachdadh a tha a' tighinn am bàrr às ùr, gus an urrainn do sholaraichean foghlaim ionnsachadh a cho-roinn is togail air soirbheasan a chèile.

Tha seo a' cur ris an raon fhasmhòr de dh'fhianais fèin-mheasaidh bhon taobh a-staigh. Bidh sinn a' toirt seachad mheasaidhean gun lethbhreith gus leasachadh a phutadh air adhart ann an ionadan fa leth thar roinnean is aig ìre nàiseanta, far an lean sinn air adhart a' toirt sgrùdadh seachad air feadh na h-Alba air cuspairean de phrìomhachas nàiseanta làithreach.



Na fàs somalta. Chan urrainn dhuinn fàs somalta. Tha sinn beò ann an saoghal beothail, a tha a' sìor atharrachadh, làn de dhaoine fa leth a tha ag atharrachadh. Nach cùm sinn ceum ris. Nach comharraich sinn e.”

Sgoilear, Àrd-sgoil Bhaile Freòin, Sruighlea

Amas Ro-innleachdail 5:


Thoir buaidh air poileasaidh nàiseanta tro chomhairle stèidhichte air fianais.

Mar a' bhuidheann nàiseanta airson foghlam a leasachadh, tha cothrom againn air bunait farsaing eòlais is fianais bho na gnìomhan measaidh is conaltraidh againn fhèin. Tha seo, cuide ri anailis eadar-nàiseanta, a' toirt cothrom dhuinn comhairle àrd-inbhe, phroifeiseanta a thoirt seachad ann an dòighean a bheir deagh bhuidheann air a' phròiseas dèanamh-poileasaidh. A' togail air ar ceangalan dlùth thar Riaghaltas na h-Alba agus le buidhnean nàiseanta eile, bidh sinn a' conaltradh ann an dòighean a tha a' sìor fhàs co-fhreagarrach is sùbailte, gus a' bhuidheann as motha a thoirt san raon seo.

Amas Ro-innleachdail 6:

Leasaich ar comas buidhne agus tasgadh sna daoine againn.

Mar phrìomh bhuidheann nàiseanta airson foghlam is ionnsachadh, bidh sinn ag amas air a bhith nar deagh eisimpleir de bhuidhinn ionnsachaidh. Tha an t-amas seo a' nochdadh ar dealais do leasachadh leantainneach sna siostaman is sna cleachdaidhean againn. Cumaidh sinn fòcas air a' ghoireas as fheàrr a th' againn: ar daoine. Bidh sinn a' toirt taic dhan cuid leasachaidh is dèanadais, is a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine cearta againn, leis na sgilean cearta, sna dreuchdan cearta.

- 
- Luchd-ionnsachaidh
 - Pàrantan
 - Cleachdaichean
 - Luchd-teagaisg
 - Stiùirichean Foghlaim
 - Saor-thoilich
 - Fastaichean

Bidh luchd-ionnsachaidh ann an Alba a' dèanamh adhartas ann am fear de na siostaman foghlaim as èifeachdaiche san t-saoghal, ainmeil airson comas chom-pàirtichean nàiseanta is ionadail obrachadh gu sùbailte còmhla gus toraidhean àrd-inbhe is cothromach a choileanadh airson gach neach.

Tha sinn air a' mhòr-mhiann choitcheann seo aontachadh leis an luchd-obrach is na com-pàirtichean againn. Tro bhith a' coileanadh na lèirsinn seo bidh:

- > **toraidhean foghlaim airson gach neach-ionnsachaidh a' leasachadh,**
- > **neo-ionannas ann an toraidhean foghlaim air a chur à bith, agus**
- > **misneachd mhòr aig a' phoball ann am foghlam.**



An lèirsinn

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt geàrr-chunntas coitcheann den phlana chorpóra againn airson nan trì bliadhna air thoiseach. Gus tuilleadh ionnsachadh mun bhuidhinn againn agus mar a tha sinn an dùil foghlam a leasachadh ann an Alba, agus gus am plana corpora iomlan againn fhaicinn 'Ag atharrachadh bheathannan tro ionnsachadh', thigibh gu **www.educationscotland.gov.uk/corporateplan**. Tha sinn an dòchas gun tig sibh còmhla rinn air an t-slighe seo.



Ag atharrachadh bheathannan tro ionnsachadh

F +44 (0)141 282 5000

P-d enquiries@educationscotland.gov.uk

L www.educationscotland.gov.uk

Foghlam Alba, Taigh Denholm, Pàirc-gnothachais
Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Dhùn Lèibhe EH54 6GA

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin, 2013

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin iomhaighean is suaicheantasan) an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith, fo chumhaichean Ceadachd an Riaghaltais Fhosgailte, fhad 's a tha e air ath-nochdadh gu mionaideach agus nach eil an co-theacsa meallta. Feumar innse gu bheil an stuth fo dhlige-sgrìobhaidh le Foghlam Alba agus tiotal na sgrìobhainn a shònrachadh.

Gus coimhead air a' cheadachd seo, tadhalibh air <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence>
No cuiribh post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Ma tha sinn air fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh le treas pàrtaidh sam bith a chomharrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho luchd-seilbh na dlighe-sgrìobhaidh sin fhèin.

Gheibhear am plana corpora againn sa Ghàidhlig air an làraich-lìn againn agus ann an cànanan eile le iarrtas.